DREUCHD	Oifigear Sheirbheisean Foghlaim
UAIREAN OBRACH	Làn-ùine – 1.0FTE (35 uairean/seachdain) (beachdaichear air iarrtasan airson obair phàirt-ùine cuideachd)
CÙMHNANT	Maireannach
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
FO STIÙIR	Iar-phrionnsapal/Stiùiriche an Fhoghlaim
ÌRE TUARASTAIL	£32,829 - £36,859
PRÌOMH ÀITE-OBRACH	Slèite, An t-Eilean Sgitheanach / Dòigh-obrach mheasgaichte
CEANN-LATHA	5.00f 2 Dùbhlachd 2026

Adhbhar na Dreuchd

Bidh an t-Oifigear Sheirbheisean Foghlaim a' coileanadh dhleastanasan glè chudromach agus iad a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid obair Roinn an Fhoghlaim a dhèanamh gu h-èifeachdach agus gun tèid fìor dheagh sheirbheisean agus oideachadh a thoirt do dh'oileanaich is luchd-ùidhe. Bidh an neach-dreuchd seo a' toirt taic glè èifeachdach seachad a thaobh rianachd agus airson chùisean obrach agus phròiseactan thairis air raon farsaing de dh'obair acadaimigeach, agus iad ag obair gu dlùth còmhla ri luchd-obrach, oileanaich, luchd-compàirt agus buidhnean is luchd-tadhail bhon taobh a-muigh.

Cuirear fàilte air iarrtasan airson obair làn-ùine no phàirt-ùine.

1. Taic do Mhanaidsearan

- A' toirt taic rianachd do Stiùiriche an Fhoghlaim, agus Manaidsearan Curraicealaim nuair a bhios feum air sin.

2. Taic dhan Roinn

- A' toirt taic rùnaireachd do chomataidhean is fo-chomataidhean na roinne, le bhith a' dèanamh leithid: ag ullachadh chlàran-gnothaich, gheàrr-chunntasan agus phàipearan, a' sgaoileadh fios mu cho-dhùnaidhean agus a' co-òrdanachadh gnothaichean nan comataidhean.
- A' cur choinneamhan air dòigh, a' gleidheadh sheòmraichean agus a' cur tì is cofaidh is uidheamachd TF air dòigh ma dh'fheumar.

- A’ cuideachadh le conaltradh taobh a-taigh na roinne.
- A’ cumail Mìosachan na Roinne, agus thu a’ dèanamh cinnteach gu bheil e air a cheangal ri Mìosachan Fo-cheumnach UHI, Mìosachan an Sgeama Ghàidhlig agus prìomh Mhìosachan Sabhal Mòr Ostaig.

3. Taic Rianachd agus le Cùisean Teagaisg

- A’ cumail siostam fhaidhlichean èifeachdach air SharePoint airson clàran is pàipearan na roinne.
- A’ dèiligeadh ri iarrtasan bho luchd-obrach, oileanaich, buidhnean eile agus bhon mhòr-shluagh.
- A’ cuideachadh na buidhne le bhith a’ cur thachartasan foghlaim air dòigh, leithid làithean fosgailte, seachdain inntrigidh nan oileanach, tachartasan trusaidh is sanasachd, seiminearan agus co-labhairtean.
- A’ toirt taic rianachd seachad airson ghreisean-obrach agus cothroman ionnsachaidh ann an àiteachan-obrach do dh’oileanaich, gu h-àraidh greisean-sgoile do dh’oileanaich ann an Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (CFL).
- A’ cuideachadh le pròiseasan riaghlaidh, leithid ghearanan, ath-thagraidhean, droch ghiùlan agus taic le ionnsachadh.
- A’ toirt taic seachad a thaobh trusadh is a’ cur luchd-obrach an dreuchd, agus na modhan-obrach nuair a tha cuideigin a’ fàgail.
- A’ toirt taic rianachd seachad airson Pròram Iomlaid nan Oileanach agus com-pàirteachasan acadaimigeach eile.

4. Taic do Phròiseactan

- A’ cuideachadh mhanaidsearan phròiseactan le bhith a’ coileanadh riatanasan maoineachaidh, a’ gabhail a-steach a bhith a’ cumail sùil air na thathar a’ cosg agus na dh’fheumar a choileanadh agus a’ dèanamh cinnteach gun tèid aithisgean a thoirt seachad ron cheann-latha air an son.
- A’ cuideachadh le margaidheachd is conaltradh airson phròiseactan, leithid a’ sgaoileadh fios taobh a-staigh na buidhne, cuairt-litrichean agus susbaint air na meadhanan sòisealta.

5. Dleastanasan Eile

- ’S ann riutsa a bu chòir do luchd-tadhail agus daoine bhon mhòr-shluagh conaltradh a dhèanamh, sa chiad dol-a-mach, ma tha ceistean aca agus ma tha iad a’ sireadh fiosrachadh mu chùrsaichean nach eil mar phàirt de phròram nan ceuman.

- A’ toirt taic fharsaing seachad le obair na h-oifis agus rianachd, leithid a’ dèiligeadh ri ceistean is iarrtasan, a’ gleidheadh sheòmraichean agus a’ dèanamh lethbhreac de phàipearan, agus a’ cuideachadh cho-obraichean nuair a dh’iarras iad ort.
- A’ dol an sàs ann an gnìomhan leasachaidh phroifeiseanta leantainnich mar a bhios iomchaidh.
- A’ cuideachadh le bhith ag àrdachadh ìomhaigh eadar-nàiseanta na Colaiste a rèir a’ Phlana Ro-innleachdail.
- A’ cur taic ri poileasaidh cànain na Colaiste agus a' gabhail pàirt ann an iomairtean gus àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste a neartachadh.
- Dleastanasan iomchaidh sam bith eile a thèid iarraidh ort a choileanadh le Stiùiriche an Fhoghlaim.

Sgilean is Eòlas Riatanach

Bu chòir gu bheil na leanas fìor mu luchd-iarrtais:

- Eòlas agad air obair rianachd no obair taice ann an oifis, ’s e as fheàrr nam biodh eòlas agad air a bhith ag obair ann am buidheann foghlaim no àrainneachd obrach coltach ri sin.
- Sàr sgilean eagrachaidh, agus ’s urrainn dhut rian a chumail air diofar phrìomhachasan, cinn-latha a choileanadh agus obair a dhèanamh air do cheann fhèin.
- Fileanta sa Ghàidhlig, ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh, aig ìre phroifeiseanta àrd.
- Sgilean conaltraidh labhairt agus sgrìobhaidh matha, agus bidh e comasach dhut co-chonaltradh proifeiseanta a dhèanamh ri diofar luchd-ùidhe.
- Sgilean FT glè mhath, lethid a bhith comasach air Microsoft Office a chleachdadh agus tha eòlas agad air faidhleadh didseatach agus siostaman rianachd sgrìobhainnean leithid SharePoint.
- Eòlas agad air a bhith a’ cur choinneamhan air dòigh, a’ gleidheadh chlàran agus a’ toirt taic rianachd èifeachdach seachad.
- Mionaideach nad obair agus comasach air fiosrachadh a làimhseachadh ann an dòigh neo-mhearachdach agus gu dìomhair.

- Tha thu sùbailte, gnìomhach agus practaigeach nad obair, agus ’s urrainn dhut a bhith ag obair mar phàirt de sgioba agus dèiligeadh ri prìomhachasan a bhios ag atharrachadh.
- Tha dealas agad airson adhartachadh na Gàidhlig.

Sgilean is Eòlas a bhiodh nam Buannachd

- Eòlas air a bhith ag obair ann am foghlam adhartach no àrd-ìre.
- Eòlas air a bhith a’ toirt taic do phròiseactan a fhuair maoineachadh bhon taobh a-muigh.
- Eòlas air a bhith a’ toirt taic rùnaireachd do chomataidhean agus a’ dèanamh gheàrr-chunntasan.
- Eòlas air siostaman agus pròiseasan airson Foghlam Adhartach agus/no Foghlam Àrd-ìre.
- Eòlas air raon na Gàidhlig agus raon an fhoghlaim ann an Alba.

Thathar an dùil gum bi an neach a gheibh an obair seo an làthair air àrainn na Colaiste gu tric agus gun gabh iad pàirt anns na prìomh thachartasan a thèid a chumail air an àrainn air feadh an bliadhna.